



Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI

Plana Gàidhlig

2019 - 2022

Clàr-innse

| | |
|--|----|
| Plana Gàidhlig | 1 |
| Clàr-innse | 2 |
| Geàrr-chunntas | 3 |
| Facal-toisich | 3 |
| Bun-gheallaidhean | 3 |
| Cur-an-Gnìomh agus Dearcnachadh | 3 |
| Facal-toisich | 4 |
| A' Ghàidhlig taobh a-staigh de Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI | 5 |
| Bun-gheallaidhean | 6 |
| Plana-gnìomha na Gàidhlig | 7 |
| 1. Mothachadh | 7 |
| Reusanachd | 7 |
| 2. Fèin-aithne..... | 10 |
| 3. Cothrom | 12 |
| Cur-an-Gnìomh agus Dearcnachadh | 14 |
| Clàr-ama..... | 14 |
| Am Plana a shanasachadh..... | 14 |
| Ullachaidhean Rianachd airson am Plana Gàidhlig a Chur an Gnìomh | 14 |
| An t-Uallach san Fharsaingeachd:..... | 14 |
| Buill fa leth den luchd-obrach:..... | 14 |
| Fios a thoirt do bhuidhnean eile mun Phlana | 15 |
| Stòrasan a sholar airson a' Phlana..... | 15 |
| Cur-an-Gnìomh a' Phlana a Dhearcnachadh | 15 |
| Fiosrachadh conaltraidh | 15 |

Geàrr-chunntas

Tha **Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI** ag aithneachadh gur pàirt bhunaiteach is luachmhor i a' Ghàidhlig de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta is beatha chultarail bheairteach na h-Alba; tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil obair ri a dèanamh gus an dùisgear mothachadh air an dualchas choitcheann seo.

Tha **Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI** ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig ann an suidheachadh glè neo-dhiongalta agus ma tha a' Ghàidhlig ri a h-ath-bheothachadh mar chànain bheò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp le riaghaltas, na h-earrainnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-bruidhne fa leth, leis a h-uile duine a' tarraing air an aon ràmh, gus an coileanar na leanas:

- *inbhe na Gàidhlig a leasachadh;*
- *togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air aghaidh;*
- *daoine a bhrosnachadh a bhith a' dèanamh barrachd feuma den Ghàidhlig.*

Is e a th' ann am Plana Gàidhlig **Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI** rud a bharrachd air Plana Gàidhlig UHI, a chaidh ullachadh a rèir shlatan-tomhais reachdail a tha air an cur sìos ann an Achd 2005, agus le sùil air *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus an *Stiùireadh air Dealbhadh Phlanaichean Gàidhlig*.

Is e seo a' chiad Phlana Gàidhlig foirmeil aig **Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI**, a bheir fios mun dòigh a dh'fheuchas sinn, mar cholaiste com-pàirteach fa leth ann an UHI, ri leasachadh a thoirt air mar a thèid sinn an dàil na Gàidhlig, agus sinn a' cur am feabhas mothachadh, so-fhaotainneachd agus cothroman don luchd-obrach is do na h-oileanaich againn, agus do bhuill ar coimhearsnachd.

Is ann fad trì bliadhna aig a' char as fhaide a bhios am plana seo air bhonn, is tha e nar rùn gum bi sinn air dol an grèim ri feadhainn de na cùisean as làthairiche againn aig an àm sin agus gun dèan sinn plana ùr còig bliadhna a bheir sinn ceum nas dlùithe air a bhith a' ruigsinn nan amasan is nan cuimsean a tha air an cur sìos am plana Gàidhlig UHI fhèin.

Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is e bun-eileamaidean a' Phlana Ghàidhlig againn:

Facal-toisich

Bheir an earrainn seo tuairisgeul air prìomh raointean oibreachaidh **Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI**. Bheir i cuideachd geàrr-chunntas air àireamhan-sluaigh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan a tha sinn a' seirbheiseachadh.

Bun-gheallaidhean

Tha am plana a' leigeil ris mar a chleachdas **Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI** a' Ghàidhlig, agus mar a leigeas i leis a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh, sna h-ionadan colaiste is na coimhearsnachdan againn. Tha e a' gabhail a-steach trì prìomh raointean leasachaidh.

1. Mothachadh
2. Fèin-aithne
3. Cothrom

Cur-an-Gnìomh agus Dearcnachadh

Tha am plana a' leigeil ris mar a thèid cur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig againn a thoirt air aghaidh, agus mar a thèid cur-an-gnìomh agus toraidhean a dhearcnachadh.

Facal-toisich

Fradharc san fharsaingeachd air gnìomhan *Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI* agus am feum a nithear den Ghàidhlig san sgìre anns a bheil sinn ag obair.

Cùl-fhiosrachadh

Chaidh Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI a chruthachadh ann an 2010 mar thoradh air dà cholaiste dhìleabach a bhith air an aonadh gus am biodh barrachd cothruim air foghlam treas ìre do choimhearsnachdan Loch Abar, an Eilein Sgitheanaich agus Thaobh Siar Rois agus gus am biodh ullachadh an fhoghlaim sin ann an co-chrochadh nas fheàrr. Tha an roinn seo a' toirt a-steach seathamh pàirt de mheall-tìre na h-Alba, le mu 40,000 de shluagh, agus tha sgìrean innte a tha anabarrach dùthchail. Chaidh a' cholaiste a chruthachadh gus an solaireadh i feuman luchd-ionnsachaidh, choimhearsnachdan is ghnòthachasan. Agus i a' dèanamh sin, tha i a' feuchainn ri dol an grèim ris a' bheàrn nach beag a bh' ann a thaobh so-ruigsinneachd is cothroman air foghlam an dèidh 16 bliadhna ann an Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach agus Taobh Siar Rois, agus is e a rùn gun ruig i is gun toir i barrachd air a' chuibheasachd nàiseanta airson com-pàirteachadh ann am foghlam adhartach.

Is e gainnead foghlam treas ìre an co-theacs eachdraidheil anns a bheil a' cholaiste air a suidheachadh, agus com-pàirteachadh ann am foghlam adhartach mu 55% nas ìsle na a' chuibheasachd nàiseanta. Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI a' cur gu mòr ri bhith a' leasachadh a' ghainneid seo, gu ìre mhòir tro bhith na ball de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, an dèidh inbhe buidheann sho-mhaoinichte fhaotainn o Riaghaltas na h-Alba ann an 2012. Is e aon bhuidheann a th' ann an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI a-nis, rud a bheir atharrachadh bunaiteach air an t-suidheachadh a thaobh foghlam 16+ san sgìre seo leis gu bheil e a' toirt cothrom fada nas fheàrr air foghlam adhartach is àrd-ìre. Cuiridh a' cholaiste gu mòr ri bhith a' neartachadh nan coimhearsnachdan a tha i a' seirbheiseachadh, agus i a' cuideachadh a bhith a' dol an grèim ri neo-ionannachd agus a' cuideachadh dhaoine a bhith a' faotainn a-mach à cuairteag na bochdainn le bhith a' fosgladh mòran chothroman ùra.

Tha 10 ionadan aig a' cholaiste air an uidheamachadh le feadhainn de na teicneolasan ionnsachaidh air loidhne as adhartaiche, a' toirt cothrom air foghlam adhartach is àrd-ìre do sgìre is slugh air fad Loch Abar, an Eilein Sgitheanaich agus Thaobh Siar Rois - bho Ulapul san taobh tuath, chun an Eilein Sgitheanaich agus an Rubha Murchanaich, a tha anabarrach iomallach, san taobh siar, agus chun a' Ghearastain agus Cheann Loch Liobhainn mu dheas.

A' Ghàidhlig sna coimhearsnachdan a tha sinn a' seirbheiseachadh

Ann an cunntas-sluaigh 2011, chaidh a chlàradh gu robh 16,596 duine an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (7.4%, nas àirde na a' chuibheasachd nàiseanta) is comas a thaobheigin aca sa Ghàidhlig. Is ann anns na trì ceàrnaidhean anns a bheil Colaiste na Gàidhealtachd UHI ag obair, Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach is Taobh Siar Rois, a tha a' mhòrchuid de na daoine seo air chòmhnaidh.

Tha a' Ghàidhlig ga bruidhinn sa h-uile coimhearsnachd anns a bheil ionadan colaiste aig Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI, gu seachd sònraichte san Eilean Sgitheanach, far a bheil an àireamh as motha de luchd-bruidhne na Gàidhlig an roinn na Gàidhealtachd, agus far a bheil a dhà de na prìomh ionadan colaiste aig Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI.

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ag aithneachadh le barrachd is barrachd sgoilearan a' clàradh ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na

Gàidhealtachd agus air feadh na h-Alba air fad, gu bheil e coltach gum bi barrachd oileanaich againn a' tighinn tron cholaiste is comas aca sa Ghàidhlig. Tha sinn dealasach a bhith a' leasachadh na taice a bheir sinn do na h-oileanaich sin a tha ag iarraidh a' Ghàidhlig aca uisneachadh mar phàirt den ionnsachadh aca, agus tha sinn ag aithneachadh nan cothroman air dreuchdan is obraichean a dh'fhaodas sin tairgsinn do na h-oileanaich againn, gu sònraichte ann an raointean mar chùram cloinne agus ceòl. Àireamh na cloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach agus Siorrachd Rois:

| Seòrsa Sgoile | Loch Abar | An t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse | Siorrachd Rois | Àireamh Iomlan |
|---------------|-----------|--|----------------|----------------|
| Bun-sgoil | 129 | 263 | 66 | 458 |
| Sgoil Àraich | 42 | 92 | 16 | 150 |

A' Ghàidhlig taobh a-staigh de Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI an-dràsta a' fastadh mu 200 de luchd-obrach (a' gabhail a-steach pàirt-ùine). Tha na h-àireamhan de luchd-bruidhne is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air a bheil fios mar a leanas.

| | Bòrd | Àrd-Luchd-Riaghlaidh | Luchd-Obrach |
|------------------------------------|------|----------------------|--------------|
| Feadhainn aig a bheil a' Ghàidhlig | 1 | 1 | 3 |
| Comas a thaobh eigin sa Ghàidhlig | 1 | 1 | 7 |

An dèidh co-chomhairleachadh o chionn ghoirid ris an luchd-obrach, tha fios againn gu bheil taic làidir ann don Ghàidhlig, ach tha fios againn cuideachd gu bheil àireamh de luchd-obrach nach eil cho taiceil den chànain is den àite aice an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI.

Is e fear de na prìomh rùintean a tha sa chiad phlana seo gum bi sreath de dh'eacharsaichean ann a dhùsgadh mothachadh air a' Ghàidhlig, gus an leasaichear an dòigh a chithear cudromachd na cànain sna coimhearsnachdan a tha sinn a' seirbheiseachadh. Tha sinn a' feuchainn cuideachd gum bi barrachd cothruim air a' chànain don luchd-uisneachaidh againn air fad.

Tha sinn dealasach an luchd-obrach a bhrosnachadh is a chuideachadh a bhith a' cleachdadh is ag ionnsachadh Gàidhlig, agus tha sinn am beachd cùrsaichean trèanaidh, seiseanan mothachaidh, is còmhlanan còmhradh neo-fhoirmeil a thairgsinn, agus gum bi a' chànain ga cleachdadh ann an dòigh fada nas fhaicsinniche feadh nan ionadan ionnsachaidh againn air fad.

Bun-gheallaidhean

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI a' feuchainn gum bi dealas nas fheàrr a thaobh na Gàidhlig sna trì prìomh raointean a leanas.

- Mothachadh** A bhith a' leasachadh a' mhothachaidh a th' ann am measg luchd-obrach, oileanaich agus tadhlaidhean air a' cholaiste air cudromachd na Gàidhlig sna coimhearsnachdan againn. Tha a' Ghàidhlig timcheall oirnn air fad, an ainmean àitichean, ainmean chnocan, agus ann an òrain is bàrdachd na dùthcha againn. Is e ar rùn gun leig sinn fhaicinn luach is cudromachd na cànan ann am beatha làitheil nan daoine a tha air chòmhnaidh is ag obair sna coimhearsnachdan againn agus a' tadhal orra. Cleachdaidh sinn na meadhanan sòisealta gus leudachadh a thoirt air lorg na Gàidhlig.
- Fèin-aithne** A bhith a' feuchainn gum bi a' Ghàidhlig nas so-fhaotainniche, tro thrèanadh, cùrsaichean air loidhne is còmhlanan còmhradh neo-fhoirmeil, cho math ri bhith a' gabhail uallach oirnn fhèin airson sanasan dà-chànanach air togalaichean ùra sam bith no an àm a bhith ag ath-nuadhachadh shanasan, fònaichean a fhreagairt sa Ghàidhlig, margaideachd lèirsinneach no gnothaichean fàilte sa Ghàidhlig.
- Cothroman:** Tha sinn dealasach cothroman a chruthachadh don luchd-uisneachaidh againn air fad a bhith a' bruidhinn no ag ionnsachadh na Gàidhlig no a' leasachadh a' chomais a th' aca innte.

Tha Colaiste na Gàidhleatachd an Iar UHI ag obair gus am bi a' Ghàidhlig na pàirt luachmhor is faicsinneach de na tha sinn a' dèanamh anns a h-uile gin de na deich ionadan ionnsachaidh againn. Nì sinn cinnteach bum bi adhartas a' phlana againn air a mheasadh agus a dhearcnachadh gu cunbhalach.

Fiosrachadh mu na cleachdaidhean làthaireach

- Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh na sanasan a bhith buileach dà-chànanach feadh na colaiste air fad.
- Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh pàirt den t-susbaint againn sna meadhanan sòisealta a bhith sa Ghàidhlig.
- Tha sinn a' brosnachadh bhuill den luchd-obrach aig a bheil comas sa Ghàidhlig a bhith a' cleachdadh na cànan mar phàirt den latha obrach aca far an gabh sin dèanamh.
- Tha sinn ag obair feuch am bi a' Ghàidhlig nas fhaicsinniche agus nas oibreachaile an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI.

Is e na prìomh raointean leasachaidh is aire fad 1-3 bliadhna ri tighinn

- Sanasan dà-chànanach a chur an gnìomh air feadh na colaiste air fad air togalaichean ùra / an àm a bhith ag ath-nuadhachadh shanasan
- Leasachadh a dhèanamh air a' mhothachadh a tha air a' Ghàidhlig am measg luchd-obrach CGI agus an radharc a th' aca oirre.
- Susbaint Ghàidhlig fhisge a-steach do chùrsaichean na colaiste far an gabh sin dèanamh
- Cothroman a chruthachadh do luchd-obrach, oileanaich agus buill den choimhearsnachd a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI
- Cothroman a chruthachadh do luchd-obrach, oileanaich agus buill den choimhearsnachd a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig is a' leasachadh a' chomais a th' aca innte an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI

Plana-gnìomha na Gàidhlig

1. Mothachadh

Reusanachd

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ag aithneachadh gu bheil pàirt aice ri a cluich ann a bhith a' toirt taic don Ghàidhlig air feadh nan coimhearsnachdan a tha i a' seirbheiseachadh. Tha sinn ag aithneachadh cuideachd, air a shon sin, gum biodh e anabarrach doirbh sin a dhèanamh mura biodh taic is seasamh-inntinn com-pàirteach a' tighinn on luchd-obrach againn. Is e a' chiad amas sa phlana againn am beachd a th' aig luchd-obrach air a' Ghàidhlig a chur am feabhas, agus luchd-obrach a thrèanadh air an luach a tha anns a' Ghàidhlig do luchd-cleachdaidh na colaiste againn. Leis nach eil sinn an-dràsta a' dearcnachadh àireamh nan oileanach a th' againn an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI aig a bheil a' Ghàidhlig no a tha ga h-ionnsachadh, chan urrainn dhuinn fianais sam bith a thoirt don luchd-obrach air cudromachd na cànan do na h-oileanaich againn. Ma bhios mothachadh nas fheàrr ann san raon seo bidh sin a chum leas mothachadh air a' Ghàidhlig taobh a-staigh de Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI. Is e ar rùn ceuman a ghabhail a bhios beag ach cudromach feuch am bi barrachd mothachaidh air a' Ghàidhlig agus feuch am bi i air a faicinn ann an dòigh nas fhàbharaiche feadh nan ionadan colaiste againn air fad.

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ag aithneachadh cho cudromach is a tha seasamh taiceil a thaobh na Gàidhlig agus mothachadh air a luach sna coimhearsnachdan againn.

a) Mothachadh fàbharach air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach

An cleachdadh làthaireach

Tha cuid den luchd-obrach is Gàidhlig aca, ach is fìor ainneamh a dh'uisnicheas iad i mar phàirt den latha obrach aca.

Tha cuid de bhuill an fhoirinn is seasamh nach eil cho taiceil aca a thaobh na Gàidhlig agus chan eil iad ga faicinn mar phàirt luachmhor den cholaiste, no den choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Seasamh fàbharach a thaobh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach

Targaidean

- Seisean mothachaidh air a' Ghàidhlig ri a liubhairt don luchd-obrach air fad mar phàirt de cholabhairt an luchd-obrach ann an 2019
- Trèanadh mothachaidh air a' Ghàidhlig ri a thairgsinn do bhuill sam bith den luchd-obrach aig a' bheil ùidh ann mar roghainn ann an Leasachadh Dreuchdail Leantainneach (LDL)

Comharran Coileanaidh

- Seasamh nas fheàrr a thaobh na Gàidhlig am measg bhuill den luchd-obrach
- Àireamhan com-pàirteachaidh a thomhas

Oifigear Stiùiridh

- Buidheann-riaghlaidh na Colaiste

Clàr-ama

- O Chèitean 2019 air aghaidh

b) Àireamh nan oileanach is sgilean Gàidhlig aca a dhearcnachadh

An cleachdadh làthaireach

Cha bhi sinn ag iarraidh fiosrachadh sam bith a bheil Gàidhlig aig oileanach ri linn an tagraidh/agallaimh, no sa phròiseas clàraidh.

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Ceist a chur ri foirm clàraidh agus / no pròiseas agallaimh Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI a dh'fhaighnicheas a bheil Gàidhlig aig an oileanach no a bheil e/i ga h-ionnsachadh.

Targaidean

- Tuigse nas fheàrr air àireamh nan oileanach aig a bheil sgilean sa Ghàidhlig

Comharran Coileanaidh

- Fhios a bhith aig luchd-obrach air àireamhan nan oileanach is Gàidhlig aca sna clasaichean aca

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Càileachd agus na h-Oifis-chlàraidh ri rannsachadh a dhèanamh agus seo a chur an gnìomh

Clàr-ama

Am modh-cruinneachaidh as èifeachdaiche a rannsachadh is a chur an gnìomh ro Lùnastal 2019

c) Àireamhan an luchd-obrach is sgilean Gàidhlig aca a dhearcnachadh

An cleachdadh làthaireach

Cha bhi sinn ag iarraidh fiosrachadh sam bith a bheil Gàidhlig aig ball den luchd-obrach ri linn an tagraidh/agallaimh, no sa phròiseas clàraidh.

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Ceist a chur ri foirm clàraidh agus / no pròiseas agallaimh Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI a dh'fhaighnicheas a bheil Gàidhlig aig an tagraiche no a bheil e/i ga h-ionnsachadh.

Targaidean

- Tuigse nas fheàrr air àireamh an luchd-obrach aig a bheil sgilean sa Ghàidhlig

Comharran Coileanaidh

- Fhios a bhith aig luchd-obrach air àireamhan nam buill den luchd-obrach is Gàidhlig aca ann an CGI

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Ghoireasan Daonna ri rannsachadh a dhèanamh agus seo a chur an gnìomh

Clàr-ama

Am modh-cruinneachaidh as èifeachdaiche a rannsachadh is a chur an gnìomh ro Lùnastal 2019

d) Meadhanan Sòisealta

An cleachdadh làthaireach

Is ann sa Bheurla a bhios a h-uile post air a sgrìobhadh

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Tomhas de phuist Ghàidhlig a chur a-steach do na chuireas sinn a-mach sna meadhanan sòisealta
m.e. Facebook, twitter, Myday

Targaidean

- A h-uile duine a tha a' toirt an aire air na meadhanan sòisealta againn, chì iad a' Ghàidhlig mar eileamaid chudromach de dh'ìomhaigh phoblach Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI
- Fiosrachadh 'facal a' mhìosa' a thòiseachadh air ainmean àite ionadail

Coileanadh

- Daoine a bhith a' toirt feairt air puist is susbaint sa Ghàidhlig
- Mothachadh air a' Ghàidhlig sa choimhearsnachd a bhuineas ris an sgìre

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Margaideachd - is urrainn do dh'adhannaiche Gàidhlig CGI cuideachadh le Gàidhlig air meirghean

Clàr-ama

Ath-sgrùdadh a dhèanamh air àireamh nam post aig deireadh Iuchar 2019 agus a-rithist an Dùbhlachd 2019.

2. Fèin-aithne

Reusanachd

Leis a' Ghàidhlig a bhith ann ann an ìomhaigh chorporra agus sanasan colaiste, cuirear gu mòr ri faicsinneachd na cànan, togar a h-inbhe agus cuirear an cèill ann an dòigh chudromach an luach a tha ga chur sa Ghàidhlig agus mar a tha i ga h-aithneachadh. Cuideachd, le fàs a bhith ga thoirt air an fheum a nithear den Ghàidhlig tro shanasan gabhaidh stòras-fhacal luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cur am meud, gabhaidh mothachadh air a' chànan dùsgadh am measg a' mhòr-shluaigh is gabhaidh cuideachadh le bhith ga leasachadh.

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ag aithneachadh cho cudromach is a tha e faicsinneachd na Gàidhlig a leasachadh agus a h-inbhe a thogail.

a) Sanasan (a-staigh agus a-muigh)

An cleachdadh làthaireach

Tha pàirt de na sanasan dà-chànanach

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Dearbhadh gun e sanasan dà-chànanach a bhios sa h-uile togalach ùr

Targaidean

- Sanasan dà-chànanach air feadh nan ionadan colaiste againn air fad

Comharran Coileanaidh

- A h-uile sanas ùr / ath-nuadhaichte ri bhith sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Tìr, Thogalaichean is Ghoireasan agus Manaidsear Margaideachd

Clàr-ama

Ath-sgrùdadh a dhèanamh air sanasan a bharrachd an Dùbhlachd 2019.

b) Ionad-fàilte

An cleachdadh làthaireach

Cha bhi a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann am freagairt fòn no fàilte sam bith

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Fàilteachadh ann an Gàidhlig a thòiseachadh far am bi e iomchaidh

Targaidean

- Luchd-obrach a thrèanadh a bhith a' cleachdadh fàilte shìmplidh sa Ghàidhlig, m.e. 'madainn mhath'
- Stiùireadh a dh'ionnsaigh bhuill den luchd-obrach is Gàidhlig aca
- Tomhas de Ghàidhlig ri bhith air sgàileanan / postairean a chuireas fàilte air daoine a tha a' tadhal air a' cholaiste

Comharran Coileanaidh

- Luchd-obrach misneachail is cofhurtachail a bhith a' cleachdadh fàiltean sìmplidh sa Ghàidhlig nuair a bhios sin bointeach
- Tuigse shoilleir air cò tha ri fhaotainn ann an ionadan colaiste is Gàidhlig aca
- Fàiltean digiteach dà-chànanach ann an ionadan colaiste

Oifigear Stiùiridh

- Ceannard Sheirbheisean do dh'Oileanaich le taic on Mhanaidsear Ghoireasan Daonna

Clàr-ama

Sanasan fàilte a chur an gnìomh ro Shultain 2019.

c) Post agus Post-d

An cleachdadh làthaireach

Is ann sa Bheurla a bhios puist-d

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Taic a thoirt do luchd-obrach is Gàidhlig aca a bhith a' toirt fàs air an sgilean is am misneach ann an Gàidhlig sgrìobhte
- A bhith a' cur an cèill gu soilleir gum bu chòir do luchd-obrach a tha ag iarraidh a' Ghàidhlig a chleachdadh na meadhan conaltraidh nuair a bhios sin iomchaidh a bhith cofhurtachail sin a dhèanamh

Targaidean

- Eàrr-sgrìobhaidhean puist-d dà-chànanach a sholar dhaibhsan a tha ag iarraidh an cleachdadh

Comharran Coileanaidh

- Cuid den luchd-obrach a' cleachdadh puist-d no eàrr-sgrìobhaidhean dà-chànanach

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Margaideachd agus Adhannaiche na Gàidhlig
- Manaidsear Ghoireasan Daonna

Clàr-ama

Eàrr-sgrìobhaidhean puist-d Gàidhlig a chur an gnìomh a rèir an aonta, ro Lùnastal 2019

d) Margaideachd

An cleachdadh làthaireach

Is ann sa Bheurla a bhios margaideachd

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- A bhith a' beachdachadh air dòighean costas-èifeachdach air am faodamaid susbaint Ghàidhlig a ghabhail a-steach sa mhargaideachd againn

Targaidean

- Tomhas de shusbaint sna meadhanan sòisealta ri bhith sa Ghàidhlig
- Barrachd Ghàidhlig a chur san fhiosrachadh/bileagan cùrsa againn

Comharran Coileanaidh

- Daoine a bhith a' toirt feairt air puist

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Margaideachd

Clàr-ama

Ath-sgrùdadh an Dùbhlachd 2019

3. Cothrom

Reusanachd

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ag aithneachadh cho cudromach is a tha e do luchd-obrach, oileanaich is buill den choimhearsnachd an cothrom a bhith aca a' Ghàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh.

Tha Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha i dealasach a bhith ag àrdachadh na h-ìre de dh'ullachadh a nì i san raon seo.

a) Leasachadh Dreuchdail Leantainneach

An cleachdadh làthaireach

Is e roghainnean glè chuingealaichte a bhios gan tairgsinn sa Ghàidhlig

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Leasachadh Dreuchdail Leantainneach sa Ghàidhlig a thairgsinn don luchd-obrach air fad, tro chaochladh chùrsaichean air loidhne agus aghaidh ri aghaidh

Targaidean

- Susbaint air loidhne a sholar a bhios freagarrach do luchd-obrach aig a h-uile h-ìre de chomas sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach na feadhna is gun Ghàidhlig aca

Comharran Coileanaidh

- Com-pàirteachadh luchd-obrach

Oifigear Stiùiridh

- Ionnsachadh is Leasachadh Luchd-obrach

Clàr-ama

Cothroman a rannsachadh bho Chèitean 2019 air aghaidh. Ath-sgrùdadh air com-pàirteachadh aig deireadh Dhùbhlachd 2019.

b) Ionnsachadh neo-fhoirmeil

An cleachdadh làthaireach

Chan eil cothrom sam bith aig luchd-obrach air ionnsachadh neo-fhoirmeil sam bith a tha ga sholar leis a' cholaiste

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Caochladh chothroman ionnsachaidh neo-fhoirmeil a sholar ann an ionadan colaiste a gabhail a-steach ionnsachadh air loidhne, air am bi cothrom aig an luchd-obrach, oileanaich agus buill den mhòr-shluagh

Targaidean

- Còmhlanan còmhraidh aig àm dinnearach
- Clasaichean feasgair
- Bùthan-obrach air ainmean àite is ainmean chnocan ionadail
- Buidheann òrain Ghàidhlig aig àm dinnearach

Comharran Coileanaidh

- Com-pàirteachadh luchd-obrach is oileanaich ann an gnìomhachdan
- Com-pàirteachadh luchd-obrach / oileanaich / a' mhòr-shluagh ann an gnìomhachdan
- Com-pàirteachadh

Oifigear Stiùiridh

- Manaidsear Ionmhais is Gèillidh (Roddy Mac a' Phi) le taic bho Ionnsachadh is Leasachadh Luchd-obrach

Clàr-ama

Deuchainn phìleatach a thoirt air gnìomhachd no dhà ro dheireadh Shultain 2019 agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air com-pàirteachadh

c) Ionnsachadh foirmeil

An cleachdadh làthaireach

Is ann sa Bheurla a tha ionnsachadh foirmeil sa cholaiste.

Gnìomhachadh agus Leasachadh

- Sùil a thoirt air raointean den churaicealam far am faod susbaint chùrsaichean foirmeil sa Ghàidhlig a bhith comasach
- Comasachd a bhith a' liubhairt chùrsaichean Gàidhlig sònraichte an Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI

Targaidean

- Liubhairt Ghàidhlig a ghabhail a-steach, far am bi sin iomchaidh, sa phlana curaicealaim againn bho 2020 / 2021
- Aon chùrsa a liubhairt, le fòcas cudromach air a' Ghàidhlig agus cultar nan Gaidheal ro 2021 / 2022

Comharran Coileanaidh

- Susbaint Ghàidhlig ga liubhairt taobh a-staigh den chlàr-ama
- Cùrsa ga liubhairt taobh a-staigh den chlàr-ama

Oifigear Stiùiridh

Ceannard Raon Curaicealach – a' Ghàidhlig

Clàr-ama

Ath-sgrùdadh air adhartas ann an Lùnastal 2019

Cur-an-Gnìomh agus Dearcnachadh

Clàr-ama

Fanaidh am Plana Gàidhlig seo na àite gu foirmeil fad 3 bliadhna on cheann-latha seo no gus an tèid plana ath-leasaichte a chur air bhonn. Feadh a' phlana air fad, chomharraich sinn na cinn-latha targaid fa leth nuair a tha sinn am fiughair geallaidhean sònraichte a chur an gnìomh.

Am Plana a Shanasachadh

Thèid Plana Gàidhlig Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI fhoillseachadh air làrach-lìn Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI. Nì sinn cuideachd mar a leanas:

- Cuiridh sinn a-mach brath-naidheachd a' toirt fios mun phlana
- Solairidh sinn lethbhreacan den phlana gus am bi iad ri am faotainn an ionadan-fàilte nan làraichean colaiste againn
- Bheir sinn brath do luchd-obrach mun phlana
- Bheir sinn seachad lethbhreacan den phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh agus
- Solairidh sinn lethbhreacan nuair a dh'iarrar iad.

Ullachaidhean Rianachd airson am Plana Gàidhlig a Chur an Gnìomh

Tha am plana seo airson Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI air aontachadh le Buidheann Riaghlaidh na Colaiste agus an Sgioba Ceannardas Gnìomha. Thèid naidheachdan mun adhartas as ùire a sholar don Bhòrd Riaghlaidh a thaobh coileanadh nan gnìomhan a tha air an cur sìos sa Phlana Ghàidhlig.

An t-Uallach san Fharsaingeachd:

Is ann air Buidheann Riaghlaidh na Colaiste a bhios an t-uallach airson dearcnachadh agus dearbhadh gun coilean Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI na geallaidhean a tha air an cur sìos sa phlana seo.

Buill fa leth den Luchd-obrach:

Tro choinneamhan cunbhalach den luchd-obrach, cumaidh sinn oirnn a' sgaoileadh a' phlana, iarraidh sinn beachdan on luchd-obrach is nì sinn ath-sgrùdadh cunbhalach air adhartas. Tairgidh sinn taic is trèanadh do bhuill den luchd-obrach gus am bi sinn cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh a h-uile h-eileamaid den phlana.

Fios a thoirt do bhuidhnean eile mun Phlana

Cuiridh sinn a-mach brath-naidheachd, agus nì sinn feum den làraich-lìn againn is na seanailean againn sna meadhanan sòisealta.

Stòrasan a sholar airson a' Phlana

Chan eil aig Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI ach fìor bheagan ghoireasan Gàidhlig sna h-ionadan aice agus buidseat glè chuingealaichte. Dh'fheuch sinn gum biodh buaidh mhòr sna h-amasan againn, ach gum biodh iad so-dhèanta. Cuiridh sinn iarrtas a-steach airson maoineachadh o Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig, a chuideachadh leinn an trèanadh againn do luchd-obrach a liubhairt agus an t-susbaint Ghàidhlig againn a chruthachadh airson margaideachd.

Cur-an-Gnìomh a' Phlana a Dhearcnachadh

Dearcnaichidh Buidheann Riaghlaidh na Colaiste cur-an-gnìomh a' phlana. Nì an Sgioba Ceannardas Gnìomha ath-sgrùdadh air a' phlana gach bliadhna. Thèid comhairle is taic a sholar le Oifigear Gàidhlig UHI.

Fiosrachadh conaltraidh

Is e an t-àrd-oifigear Gàidhlig air am bi an t-uallach oibreachail a bhith a' stiùireadh ullachadh, liubhairt is dearcnachadh Phlana Gàidhlig Cholaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI:

Roddy Mac a' Phì – Post-d rodny.macphee.whc@uhi.ac.uk Fòn 01397 874263

Is e adhannaiche Gàidhlig na colaiste:

Rachel Walker – Post-d Rachel.walker.whc@uhi.ac.uk Fòn 01397 874245